

Blair 433.

E. S. Murray

AN

SAIGHIDEAR CRIOSDUIDH:

NO

NA DLEASNAIS IOMCHUIDH

CHAUM

BEATHA DHIADHAIDH CHAITHE,

AIR

AN SPARRADH AIR AN ARMAILT:

O

EISEMPLEIR CHORNELIUS.

SEARMOIN.

LE TOMAS BROUGHTON, M. A.

*Le Roimb-radb, do na Saighidearan Gaidhealach, le
neach araidh eile.*

DUN-EADUIN :

CHLODH-BHUAILT' LE ROIN MOIR.

1797.

DO NA SAIGHIDEARAN GAIDH- EALACH.

A BHRAITHRE,

ANNS an t Searmoin a leanas, air a tionndadh chum bhur caint fein, agus air a clo-bhuala chum teagai sg ion-chuidh thoirt dhuibh, do reir ordugh, agus air costas na chuideachd mhòr oirdheire ann Luinduin, a' ta, chum eolas an t Soifgeul a sgaoileadh, &c.—Tha sgeul agaibh mu dhuine fiudhach araidh, bha na fhaighidear ; agus ris an robh air earbsadh, a reir inbhe teareantachd a Rìgh, agus an riaghalachd shuighte ann a dhuthaich. Ach ge do b' i fo a cheaird,—an gnothaich ris an robh e ceangailt, gidheadh, bu neach e, air an robh eagal an fhìor Dhe, agus ag oibreachadh fìrinteachd : agus, do bhri nach 'eil Dia ag amhairc air pearsa feach a cheile, ach anns gach uile staid bheatha 'san t saoghal fo, eisean air am bheil eagal De, tha e taitnich aige, uime sin, chi sinn gu'n robh an faighidear crabhach fo taitnich dha ; air mhodh s gu'n do chuir Dia an Spiorad Naomh, Peadair d'a ionnsuidh chum a theagaisg, agus a ghlacadh a-steach do'n Eaglais

Chriosduidh leis a bhais, agus le sin saighidear do Chrìosd a dheanamh dheth, chum cogadh le misneach fodh a bhrataich, an aghaidh a pheaca, an t saoghal agus an diobhal ; agus fa-dheoidh, gu faighidh e beatha shiorruith.

'Nuair a rinneadh an duine so na shaighidear Chrìosduidh, fodh Rìgh nan rìgh, agus Tighearna nan tighearna, cha 'n 'eil e air a radh, agus ni bheil aobhar a smuainteacha, no chreidsin, gu'n do sguir e bhi 'na shaighidear, mar bha e roimhe, chum dìonadh an *Impere* agus an riaghalachd. Uimefin, feudar fhaicinn, gur comas do'n duine cheudna bhi na shaighidear Chrìosduidh, chum, le cumhachd gràs Dhe, cogadh dheanamh an aghaidh a namhaidin spioradail a chuiridh air seachran e air beatha shiorruith ; agus fós, an aghaidh naimhdin a Rìgh agus a dhuthcha', le durachd feadadh mi radh, gu bi giulan an t saighidear Chrìosduidh leithid, is a choisineas dha cliu airson fìor chruadalachd, agus ionracas anns gach staid am bith e. Oir, mar Chrìosduidh, tha e foghlum anns na h uile staid gu bith e toilichte ;— umhal do Dhia, agus do dhaone aig am bheil còir ughdaras os a cheann.

Mar a ta mi dochafach gu bheil sibh uile a creidsin anns na Scrioptoire naomh, gur iad briathar De,—deachdadh De an Spiorad Naomh, a bhrosnuich daone aridh labhairt do reir a thoilfin ; agus gur annta tha againne eolas air an fhìor Dhia agus air Iosa

Criofd, agus beatha shiorruidh tridfin; air mhodh ceudna, tha duil agam, gu bheil sibh uile togradh bhur giulan agus caith-beatha bhith cordadh riufan.

Anis, anns na Scriptoiribh naomh fin, tha e air aithneadh dhuinn uile, eagal De bhith oirn, agus gu'n d'thoir finn onoir do 'n Rìgh, agus do'n na h uile a 'ta ann, ugh-daras fodhe.

1. Biodh eagal Dhe oirbh.

Tha e air a radh ann briathar De, *Sean-radh* 9. 10. Eagal an Tighearna, is toisich gliocas e, agus eolas an ti naomh is tuigfe e. Agus a ris, *Ecies.* 12. 13. Biodh eagal De oirbh, agus co-lionadh sibh aithintean, oir is e fo dleasdanas iomlan an duine. Tha eagal De air na h aingidh, bhri gur fiosraich iad gun tabhair e iad fo dhiteadh,—gu breathanas. Air a mhodh cheadna, tha eagal De air na deamhain, agus tha iad air chridh; ach ni bheil gradh De aig na haingidh, no aig na deamhain; agus air an aobhar fin, cha 'n 'eil iad a deanamh fìor-sheirbhis dha, le urram agus le eagal diadhaidh, anns a bheatha fo, agus uime fin cha chomus dhoibh comhnuidh ghabhal maille ris, na rioghachd,—'sa bheatha ri teachd. Is e dith gradh tha deanadh an diobhal mar tha e; agus 's e dith gradh De 's ann duine, tha ga dheanamh cosmhuil ris an diabhal. Ma ghradhachais finn Dia, airson ar cruthachadh, ar sabhaladh, agus airson uile:

bheannuchadh na beatha fo, ach gu h araidh, airson fuasgladh an domhain le ar Slanui'-fhear Iosa Criofd, airson meadhonain nan gras agus dochus na gloir; 's ann bhithis eagal oirn a dheanamh nis diombui'ach leis, le sinuainte, le briathar, no gnìomh lochdach air bith. As eagmhas eagal agus gradh Dhe, cha chomas bhith fonadh 's ann t' sfaoghal fo, -oir tha na haingidh cofmhuil ris a mhuir bhuarite; oir fois air bith cha 'n fheud i ghabhal; ach tha a h uifgeachan ag oibearachadh nios falachair agus clá-bair; cha 'n 'eil fith air bith, d' their mo Dhia fa, do na h aingidh. *Isa. lvii. 20. 21.* Agus is cintich e fos, nach comus bhith fonadh ann sa bheatha ri teachd, gun ghradh De, oir, nach 'eil fios agaibh, nach fealbh-aich luchd deanamh na h eacorach rioghachd Dhe. *1 Cor. vi. 9.* Oir aig la bhreathanas, im'ichidh iadsan chum peanais fìor-ruith. *N. Mat. xxv. 45.*

Cha chomas eagal agus gradh De bhith ann, mar is foilleir, gun chreidfin gu bheil Dia ann; agus gu bheil e toirt luach-faoith-ear do'n droing a dh iarras e gu dichìolach. Ann aon fhocal, ma ta ceart eagal agus gradh Dhe annuinn, ni finn aora' dha,—bheir finn buidheachas dha,—cuiridh finn ar n uile muinghin annsan,—gairmidh finn air,—bheir finn onoir d' a ainm agus fhocal naomh,—agus ni finn feirbhis threibh-dhireach dha gu crìoch ar beatha.

2. Thugaibh onoir do'n Rìgh.

Tha Dia ar Slanui'fhear, Iosa Criosd, Rìgh na'n rìgh, agus Tighearna na'n Tighearna. *Taisb. Eoin*, xix. 16. Is eisean an Rìgh, Jehobhah nan sluaigh; tha eisean a riaghaladh, biodh an faoghal àit. Tha eisean na Rìgh cia neo-thoilichte air bith 'ta luchd combhuinnh na talamhain. *Salm* xcvi. 1. 2. &c. agus xcix. 1. Tha uile chumhachd aige. Le focal a bheoil cuiridh se a ghaoth, agus cuiridh se a mhuir gu sìth, leagaidh se ardan a tuinn, 'nuair is corrach a h'onfhath agus a ftoirm; agus mar an ceudna, cuiridh se gu cosg boire a phobul, agus an cuthach fodh reachd. *Salm* lxxv. 7. *N. Mat.* viii. 26. Buinidh uile cumhachd do Dhia; gidheadh tha e toirt gnathachadh cumhachd do dhaone bhos air talamh; leosan tha e rioghladh 's ann t faoghal: mar a ta e ag radh, *Seanradh* viii. 15. 16. 'S ann triumfa tha rìghrean a' riaghladh, agus prionfuidhe ag orducha ceartais; triumfa a' ta prionfuidh riaghladh, agus na h uaisle, eadhon, breathamhain ta talamhain uile.

. Thugamaid, air an aobhar sin, onoir do'n Rìgh, mar mhinister Dhe os ar cinn. Thugamaid onoir d'a offig, agus urram d'a phearsa; guidhmid ri Dia air a shon, chums gu caithear ar beatha ann fois agus suaimhneas, ann uile dhiadhachd agus ionracas. Gabhamaid uile comhairle an duine ghlic, agus gu dimhin si comhairle Dhe fein i, *Seanradh* xxiv. 21. A mhic, biodh eagal

an Tighearna agus an Rìgh ortsa, agus na bith gnothach agads—na tathaich—na rach amealg nan daone a ta toiliche easumhalachd—iadfan a ta deanamh tair air uachdranachd, agus mafluchadh ard-inbhe. Tha N. Pol 'gar comhairliche, *Romb.* xiii 7. Thug-aibh do gach uile neach an dlighe fein, Cáin dha fan do'n dlighear Cain, cis dha fan do'n dlighear cis, eagal dha fan do'n dlighear eagal, agus onoir dha fan do'n coir onoir.

Mur tabhair finn onoir do 'n Rìgh, tha finn easumhal do Dhia fein a dh orduich fo a dheanamh. Mar Chrìosduin, tha an eisempleir is airde agus is oirdheirc again, 'gar brosnuchadh fo dheanamh: eadhoin, eisempleir ar Tighearna Iosa Chrìosd fein, oir thug eisean cis gu *Empere* na Romhanaich. *N. Mat.* xvii. 25.—bha na chinnich, agus rinn na h abstolaibh naomh mar an ceudna. Tha fgeul again mu na cead Chrìosduin, ge do bha iad air na n geur leanmhuin le uachdranan an t faoghal fo, gidheadh cha robh iad easumhal. Uime sin, a bhraithre, na bith sibhfe easumhal air chor air bith, ach thug-aibh onoir do 'n Rìgh agus bithibh umhal do'n iagh is e fo bhur gliocas agus bhur tearantachd. Ach

3. Biodhibh umhal dhoibhfin uile aig am bheil ughdaras 'o n Rìgh thairis oirbh. Mar Chrìosdain, tha fo. cìntich, ceangailt oirbh.

Mar shaighidearan, is eigin dhuibh bhith umhal agus urramach da 'r fir iuil,—da 'r ceannarduibh uile; agus *cha 'n ann a bhain-doin, ach gulan toilich*. Is tlachdmhor, taitnich an sealladh, armailt mhor fhaicin, fodh ceart riaghal, ann deagh ordugh; na h uile dhuine co-liona dlighe aite fein 'o 'n ard-uachdran gus an duine 's ifle dhiu. 'S ann mur fo ni iad feum;—'S ann mur fo gheibh iad buaidh thairis air na 'n naimh-din uile. 'Nuair a' ta giulan an t saighidear mar fo, onorach agus umhal, sonna agus subhailce, tha ceart-choir aig air urram agus cliu. Ach

Ceaduichibh dhomh a bhraithre, comhairle thoirt dhuibh, mar shaighidearan umhal diadhaidh, gan monmhor a dheanamh gan fhior aobhar, agus iadfan a ta deanamh monmhor, a ta talach, a ta neo-thoilichte, agus a ta cleachda comh-stridh, a' sheachna. Mu thig monmhor gu ceann, tha cunnart gu 'n lean easumhalachd teann air, agus an deigh fin iomadh ghne uile. Mu ta aobhar gearan agaibh, deanamh e gu h urramach, agus gu sithcheanta, agus gheibh sibh leaf-acha.

Is craiteach smuaintiche, air n uine fa bheil finne beo. C'aite an tiondain finn, nach tachair finn ri muintir aingidh, a bhuaireadh finn cul chuir ris an diadhachd, agus briathar naomh Dhe, 's urrin ar deanamh glic chum flainte shiorruith; agus fos, gu feud finn bhi easumhal do'n Righ,

gan chiont ! Tha dochus agam, mo chodhaoine, gu bith fibhfe uile, feasamhach ann san diadhachd,—ann 'ur dleasnais ; is e fin, gu bith eagal Dia oirbh gu'n tabhair fibh onoir do'n Rìgh, agus iadfan uile a' ta ann ughdaras fodhe.

B' ard cliu nan gaidheal, na 'n linne fa leath, air sinnsearan, airson mor-mhìsneach, chum onoir na 'n Rìgh, agus na'n duthaich dhionadh tearainte. Tha duil agam nach toir an fliochd mi-chliu orra le caochladh cleachdain.

Ann aon fhocal, is creideasach dhuibh fein, agus is taitnich d'ur co-ìochdranaibh uile, an deagh theistean, an t' iomradh math tha 'ur giùlan riaghaltach, agus ionruic, a coifin dhuibh anns gach aite fa bheil fibh. Biodh foighdean agaibh, gus an toilich Dia, ann curfa a fhreasdal naomh, firean agus fith thoirt ann ar 'n uine,—gus an d'thig an t' an gu pill fibh d'ur duthaichibh fein,—d'ur cairdin agus tealachaibh, le onoir agus deagh iomradh agus gu'n tabhair Dia gras dhuibh an bheatha'shiorruith fhaigh-eal tre Iosa Crìosd ar Tighearna. *Amen.*

AN

SAIGHIDEAR CRIOSDUIDH.

SEARMOIN.

GNIOMHARA X. I. 2.

A GUS bha duine araidh ann an Cefarea, do'm b'ainm Cornelius, ceannard cheud do'n chuideachd do'n gairrear a chuideachd Eadailteach.

Duine crabhach 's air an robh eagal De, maille ri thigh uile, bha toirt moran deirce do'n t shluagh, 's a deanamh urnuigh ri Dia ghna.

'Tha mi ri gairdeahas mo chairdean's mo cho-shaighideara fan chogadh Chrìosduidh, gu'm bheil sibh air an la 'n diu ann so cruinn an ceann a cheile 'n thigh Dhe 's a chum gum biodh e gus a chuid 's fearr 's ni h-ann gus a chuid 's measa tha mi guidhe oirbh

eisteachd dhurachdach a thoirt feachad *car beagan* le foighdinn.

Tha'n scriobhuiche naomha toirt duinn an ceann ar teagaisg caithe-beatha ceannaird threunmhor 's dhiadhaidh nach do smuainich idir gun robh aidmheil mar shaighdear an aghaidh na'n dleasnais tha creide 'g iarruidh a chleachdain, ach bha e seas'ach airson lagh Dhe, co maith 's airson reachd a dhuchadh, 's co eudmhor (feudaidh mi radh ni's mo gu mor) airson urram Ri nan righrean, 's a bha e airson morachd na cuirte, * do'n robh e deanadh feirbhis.

O ghiulan diadhaidh 's ciatfach a cheannaird fo bheir mi fa'near gu'm bheil beatha faighidear ceudaicht', 's urramach, 's nach 'eil i na naimhaid do ghluasad naomha no do cho-luadar stuama'. Gu'm bheil beatha faighidear laghail, 's i mo bharrail gur furas a chomhdacha', thaobh 's nach d' fhuair Eoin baiste bha ullamh gach am air achafan a thoirt le danadas do gach ea-coir 's droch bheairt, cron do lethid fin do chaithe beatha, oir, chi finn 'nuair a dh'fhiosraich na faighideara dheth a thainig d'a ionnfuidh a measg morain eile bheir am biora gus a chridhe le shearmonaibh. Ciod a dh'fheuma' iad a dheanadh? Ciod an feol a ghabha' iad air teicheadh o'n fheirg ata ri teachd? Bi 'n fhreagairt a thng eisean orra, " Na deanaibh aineart air duine air bith,

* The Majesty of the Roman Empire.

“ no cafaid-bhreige ’s bithibh toilicht le’r
“ tuarafdal.” Chi finn mata, gum bheil
freagra’ Eoin na dhearbha’ foilleir gum bheil
beatha saighidear na staid laghail ; oir, na’m
biodh fin air atharach’, cronail, no air a
toirmeisg cha’n ’eil teagadh gu’n caomh-
na’ eisean iad *aig nach robh baigh ri neach
feach* a cheile. Ach an aite ’n earralacha’
gu’n a bhi ri h-aineart g’un chafaid a dhe-
nadh gu h eacorach ’s a bhi toilichte le’n
tuarafdal, ’s ann a bheireadh e aithne dhoibh
am brataichean a threigfin air ball, an ar-
machd a leigeil a fios ’s iad fein a sgacileadh
feadh an t shaoghail. Cha mho cuideachd
a nochda’ar Slanuighear beannuichte deagh-
ghean, no idir a chliuthaicheadh e ’n cean-
nard cheud a th’air ainmeacha leis an
tshoisgeulach Lucas na ’m biodh an doigh
air an robh e caithe bheatha ’n aghaidh
creide ’s deagh bheus. Uime fin tha iadsan
fo mhearachd mor tha’m barrail gu’m bheil
beatha saighidear na staid mi laghail ’s ain-
gidh. Tha, oir, ged ata moran san armait
an dras (ni truagh ri aideacha’) ro olc ’s
truailidh, gidheadh, tha ioma’ ceannard
ceud diadhaidh ri fhaghail nam measg, io-
ma’ saighidear crabhach le h Iofa tha tair-
eis dileas na sheirbheis, ’s seas’ach na chrei-
de. ’S iad mata, mhuintir tha tilgeil maf-
la’ air an t sheirbheis tha ri choireacha, ’s
cha ’n i ’n t sheirbheis fein, oir, tha sin gu’n
amharus cliutach, ’s meafail.

Ach an deigh gach ni taitneach a dh'fheudar a radh as leth beatha faighidear mar fheirbheis laghail 's urramach gidh-eadh, tha i call a meas an fuile moran a thaobh mi-ghathacha 's giulan aingidh ioma' neach a' tha fan armait. 'S fheudar do dhroch bharrail a bhi aig daoine maithe do'n ghne beatha fin, 's a bhi fo eagal gu'n gabh an cairdean na 'n luchd daimh fan t-shaighidearachd 'nuair a chi iad giulan mi-chiatfach na muintir ata ann. Tha iad a' faoilfin gu'm bheil mionan, misg, 's neoghloine, 's ioma' peacana' uamhara' ceangailt ris an armait air fad, 's mar fin a' co-dhuna' gu'm bheil an neach ata na shaighidear, air an t fhlighe dhireach gu fgrios 's dorain. 'S co dh' *fheudas daoine tuigseach*, 's *fior Chriosduna a choireacha*, no cron fhaghail do pharant diadbaidh, curamach mu leas a' mhic ged a bheireadh e comhairle air am briathra' dh' Iacoib, a thaobh Shimeoin 's Lebhi, O mo mhac, na tigse steach do'n diomhaireachd ; do'n co-chruinneacha' m'urram na bi-fa air do cheangal. Cha 'n 'eil mi 'g ainmeacha fo chum mafla' thoirt do'n t-fheirbheis tha mar a thug mi cheana fa' near neo-chronail 's cliutach 's ni 'm bheil mo bhriathra air an sonracha' an aghaidh muintir araidh sam bith, oir, mo thruaigh ! ameasg gach ordugh 's inbhe tha ciontaich ri fhaghail, daoine tha cuir an gnìomh nithe airidh air achmhafan. An ioma' nithe tha sinn *uile peacacha*, 's a' teachd gaoidid air ar

dleasnas. Is ged ata mi air an am a' gabhail fath labhairt ri daoine sonraicht' an inbhe shonraicht cha'n ail leum a shaoilfin gu'm bheil mi gam meas fin nam peacaich ofcionn daoine eile. Chan'eil idir. Tha aobhar againn uile bròn a dheana' 's a radh gu'n deachaidh sinn air feachran o'n tshlighe, 's uile gu leir air fas neo-tharbhach. Uime sin buaileadh gach ciontach ciod air bith inbhe, no staid, air a chridhe fein 's abradh e : “ Thighearna bi trocaireach “ dhomh sa peacach.” Aidicheadh gach peacair le Daibhi 'n deigh dha aithreachas treibh-dhireach 's neo-chealgach a chuir, an gnìomh. “ Pheacaich mi 'n aghaidh an “ Tighearna, 's MISE 'N DUINE.”

Ann an labhairt ni's faide o na brithra fo, ceudaichibh dhomh mo bhraithre 's mo cho-shaighideara :

1. Eifempleir Chornelius a chuir romh-aibh.

2. Fheuchain cia ea-cos'ail an eifempleir fo ri giulan 's caithe-beatha moran san arm.

3. Ainmichidh mi ni no dha chum bhur brofnacha gus an eifempleir fo leantuin.

A chum toiseacha air a cheud ni chuir mi romham.

Bha Cornelius do na cinnich a bha aineolach air an Dia bheo ; bha e na iochdaran

do na Romanaich, na cheannard cuideachd do shaighideara bh'air an fuidheacha aig Cefarea 'n t-aite combnuidh a bh'aig uachdarain Iudea chumail na'n Iudhach fo smachd a bha nise fo chis do na Romanaich. Ach ged a bha e air teachd o na cinnich choimheach 's a thaobh aidmheil, na shaighidear, gidheadh, dh'iompuicheadh e gus a chreide Iudhach, 's bha e deanadh aora' do Dhia Israeil amhain. 'Tha'n t-eachdraibh naomha labhairt moran ga chliu, 's ag innse gun robh e na dhuine crabhach air an robh eagal De, bha toirt moran deirce do na bochdaibh do'n t-shluaigh, 's a deanadh urnuigh ri Dia ghna.

'Tha gach buaidh thaitneach dhiu sin airidh air ar smuainte leigeil orra fa leth car beagan.

I. Bha Cornelius na dhuine crabhach. Ach feudaidh cuid a dhaoine bhi ullamh a radh le faoid, Am feud ni maith air bith teachd amach o Nasaret? Am feud an armailt feirbhifich fhireunach altrum do Dhia na fith? Feudaidh, oir, do Dhia tha na h-uile nithe comasach, 's chuir Cornelius eisempleir romhain gum feud so tachairt. 'S ni 'm bheil caochla' aimsir, no aite, no ni air bith eile fagail creide 'n dras ni's neo-fhuras a chleachdainle'r saighideara sna linne so no bha e san am sin. Am bheil e deanadh daoine neo-iomchuidh airson crabha' jad a bhi na'n saighideara? Am bheil e

mar fhiacha' orra bhi olc, aingidh, a tha-obh iad a bhi giulan arm? An fheudar dhoibh bratach Chrìosd a threigfin, 's a dhi-chuimhneacha gum bheil iad na'n faighideara aige co luath 's a ghabhas iad an feir-bheis an Ri? Gu cinteach cha'n fheud, 's cha mho bhios e mar chleachdain aig a mbuintir tha fiubhal an ceumana 'n deagh cheannard cheud fo. Tha air innse dhuinn gan robh e na dhuine crabhach, 's mar sin feudaidh sinn a' smuaineacha faor o pheacana uamhara tha gu tric a leantuin an airm, mar ata misg 's neo-ghloine. Cha'n fheudar a shaoilfin gun d'eabair se e fein an dibh mar a mhuc fan lathaich, no gun tug se e fein thairis gu tur do dh'an mian-na feolmhor. Cho do thruaill briathra mistuama uair air bith a theangadh 'm ball sin a thugadh dha gu cliu Chruithear a shein 's urnuigh a dheanadh ris. Ach sgeudaich se e fein le stuamachd mar le maife òir, 's le geanmnachd mar le truscan fgiambhach.

2. Bha eagal De air Cornelius. Air dha bhi na cheannard, 's maith dh'fheuta cuid-eachd gun robh e lan misnich 's cruadail, feolta 'n tarruing suas seachd an ordu' blair, 's mar sin le threabhantas 's a dheagh dheanadas gun d'arduich se e fein fan armailt. Ach cha do chuir a ghaifge e of-cionn fianh Dhe bhi air, no sheoltachd an gnoth- uiche-cogaidh of-cionn a bhi ciun macanta,

nithe tha feuchain gum feud duine bhi fearail, buadh-mhor, ach feimh i riofalachd 's eagal De 'n ceart bhunchar air am bheil fìor mhìneach air a togail. 'S cha'n 'eil neach air bith 's lugha geilt, agus 's treunmhoire no eisean ata diadhaidh iorafal. Mar so thug an duine glic fa'near o shean, "Tha na
 " fireuna co dana ri leomhan." Bha eagal De air Cornelius, 's le sin cha robh ni air bith eile aige na chuspair eagal, "Ged'a
 " fhuidheachadh deich mìle do'n t shluagh
 " iad fein na aghaidh mu'n cuairt 's ged'a
 " dheireadh suas cogadh na aghaidh, a
 " thaobh a mhuinghin bhi san Tighearna
 " ghleidheadh fo e gu'n gheilt gun fhiamh." Tha charaig air an do leig e thaic laidir 's daingean. "Oir, co, no ciod a dh'fheud-
 " as cron a dheanamh air an duine sin tha
 " na fhear leanmhuin air an ni ata maith." Dh'fholum e o eachdraidh cogadh na'n Iudhaich nach robh buaidh-chatha co mor an earbsa ri aireamh 's neart feachd 's a bha e ri comhnanh Tighearna nan sluagh. Airson so co maith 's ioma' ni eile bha eagal De air gu glic a' toirt fa'near gum be so cheart doigh air a bhi buadh-mhor.

3. Thug Cornelius moran deirce do'n t-shluagh. A chum so dheanadh, feudaidh sinn a smuaineacha gun robh e gu glic a toirt fa'near ciod a chuireadh e amach d'o mbacin, nach robh e 'g iarraidh airneis

fhinealta, no fgeudacha riamhach no deanadh an-caithe air airgiod, a' cluich air chairtean 's air dhiosan, 's cha mho fhuara e gu tric ag ol is fthigh ofda. Oir gu'n amharus na'm be fin a chleachdain, cha bhiodh ni's leoir aige gu e fein 's a theaghlach a chumail an teachd-an-tir, 's ni's lugha gu mor cha bhiodh e comafach truacantachd a nochda do mhuintir uireas'ach 's an fhocrach. Ach bha e gu glic crionda toirt air a chostas freagrach do theachd a fteach an comhnuidh a' gleidhe ni egin an cul na laimhe airson a bhochd 's an fheumach. A chum an dleasnaid fo cho'liona, feudaidh sinn a thuigfin, gun do ghleidh e thigh gu tric, no gun robh e gu h uaigneach na chairtealan, nach robh e na ghnathacha aige bhi dol mu'n cuairt an amaideachd 's am faoinis maille ri droch cuideachd tha ruith air falbh le airgiod 's aimsir dhaoine. Bha e fiosrach gun robh e freagearach do Dhia airson a bhuil a bheireadh e as na talanta fin, 's air an aobhar fin cha drinn e 'n caithe a riaracha an-mianna.

4. Bha Cornelius a' deanadh urnuigh ri Dia do ghna. Tha urnuigh na dleasnas ata dligheach do Dhia, 's tha e mar fhiacha air gach neach a cuir an gnìomh ciod air bith inbhe no aidmheil. Tha'n iobairt mhaduin 's fheascair fo air a h iarruidh a' toirt a fuas o'n champa co maith 's o'n altair. O 's fheudar do'n Ri air a chathair, do'n

mhorair na luchairt, do'n t fhagart san teampul, do'n fhear-cheird san bhuth, do'n oibriche-la san mhachair, an glun a luba' do Dhia an Cruith'ear, an iarrtus, 's an ath-chuinge chuir a suas ris airson grais 's trocair 's cliu 's taingealachd iocadh dha gach la bhios iad beo air thalamh. Bha fo na fhior chleachdain ag an duine dhiadhaidh Cornelius, os bar tha e cosmhail nach do thoilich se e fein le bhi deanadh urnuigh moch 's an-moch an uaigneas, ach a teas ghradh a chridhe rinn e urnuigh ri Dia a ghna; 's e fin, bha e ri urnuigh gu tric, gach la san teampul a' cuir a suas ath-chuinge, 's a cliuthacha Dhe ag amana suidhichte, na feirbheis f hollafaich, 's os-bar bha e gach am eile 'n deagh ghleus gu urnuigh a dheanadh. Bha mothacha aige gun amharus do thruailleachd a naduir, 's co fhuras 's a bha e chum aoma' gu peaca. Air an aobhar sin, lub e ghlun gu minic ag beulaobh Ri-chathair na trocair, leig e ris am fianuis De diomhaireachd a chridhe, dh'aidich e anmbuineachd fein, 's ghuidh e comhnadh os n'aird a chum a stiuradh troi' cheumana dorcha 's fleamhuin na beatha fo. Bha e san t-fhuidheacha intin bheannuicht fin a' deanadh urnuigh ri Dia 'nuair a thainig teachdaire dealruch d'a ionnfuidh le deagh fgeul o neimh mar ata sinn a' leubhadh san chaibdeil o'm bheil briathradh ar teagaisg air an tarruing. Cha do mheas e na mhafladh air a staid urramaich

e fein a chromadh fios ag cathair na'n gras, no na eaf-onoir air ard-inbhe fan armait e fein aideacha mar pheacair truagh. 'S ged 's maith a dh' fheuta gu'n d'rinn daoine mi-dhiadhaidh fanoid, is tair air a chrabh-adh mar a rinn a chlann air Elifa, 'nuair a thuirt iad ris, " Therig suas a chinn " mhaoil, Therig suas a chinn mhaoil," gidheadh bhunaich eisean na dhleasnas, 's thug a smuaineacha fo co-fhurtachd 's misneach da intin gu'm b'fhearr dol gu Neimh le mafladh, no gu h ifrin le cliu. O ! eisempleir thaitneach 's chrabhach ! Is a nise, mo chairdean, buailibh air ar 'nuchd 's freagraibh mi gu neo-chealgach. Nach 'eil sibh a faicinn gun robh Cornelius na dhuine urramach, cliutach, 's airidh air a cheumana leantuin ? Inn sibh dhomh air bhi d'ar cridhe nise air a bhuala' le crabha' mar ata mi 'n dochas, Am bheil sibh a' gabhail tlachd do ghiulan a ghaisg-ich naomha fo, 's a' miannacha bhur beatha chaithe cos'ail risin. Mu tha chuis mar fo ('s gu'n deonaicheadh Dia nan uile ghras gu'm bheil) C'arson ata sibh a' gluafachd air dhoigh ea-cos'ail risin, 's ata bhur deanadas an aghaidh deanadas an duine mhaith fo ? Tha fo gam thoirt air m' aghaidh fan.

2. Dh' fheuchain cia ea-cosmail ris an deagh eisempleir fo giulan 's caithe beatha moran tha'n dras fan armait.

Bha Cornelius na dhuine crabhach is neach air an robh eagal De. Ach am bheil moran agaibh fe mo chairdean san t shuidh-eacha intin dhiadhaidh fo? Am bheil sibh a' gabhail eagail 's a' criothnacha' ro mhor-achd an ti 's airde tha lionadh neimh 's na talmhain le lathaireachd, 's o shuil uile leirfìneach nach fheudar ni air bith fhòlach? Fuilingibh d'ar coguis an fhirin innse, sibhse ata ciontach. Nach tearc, ro thearc iadfan nar measg tha san deagh run fo. Cha'n ail leum ach beagan ainmeacha do na nithe air am bheil sibh a' teachd goirrid a thaobh crabhadh.

'S air tus, a thaobh stuamachd. Mo thruaigh mo chairdean, nach lionmhor air-eamh na muintir 'nar measg tha nan coig-rich seadh na'n naimhdean do chaithe beatha measara' 's stuama. Cia tric a chluinnear cainnt shalach a' teachd amach as bhur beul ni th'air a thoirmeisg am focal De 's ata eadhon graineil dhoibh-san ata gar neisteachd. Cia mor miann cuid agaibh an deigh òil. Chum an togra' fina shasucha tha sibh a' cruinneacha nar buidhne 'n tigh-ean ofda (tha gu tric mar nid do mhifgeara, 's do dhaoine diomhain) far am bheil sibh a' milleadh bhur flainte, 's a' caithe bhur n airgiod an aimhreit an neo-ghloine 's am misg. Anns na tighean sin tha sibh gu minic a' fuidhe ri mionnan uabhasach, 's a' fein orain *mbi-stuama*. Mo chairdean, cha d'rinn Cornelius idir fo.

Aris tha bhur cionta' thaobh geanmnachd *an-bar*, 's ro fhollafach, air chor 's nach fheudar aich-sheun. Cia furas bhur tar-ruing a thaobh le mnathaibh neo-ghlan na creutaire truagh fin tha sgaoileadh an lion 's gach fraid, 's a' mealla' na h uile ag nach 'eil gras gu teicheadh o'n innleachda. Tha sibh a' gleidhe cuideachd le lethid fin do mhuintir mi-bheufach, 's gar toirt fein thairis do dh'an-mianna neo-laghail. Mo chairdean, cha robh fo ri chuir as leth Cornelius.

Theid finn air ar n aghaidh gu mi eile ainmeacha sam bheil bhur deanadas an aghaidh deanadas an duine dhiadhaidh fo. Thug a'n deagh chliu fo air Cornelius gum bu duine e air an robh eagal De, Ach rannsuichibh mo chairdean a nise bhur cridhe fein, 's *aidichibh an fhirin*, Am bheil fianh Dhe 'n taobh a stigh dhuibh? Am bheil sibh a' cuir urram air ainm ro naomha, 's air a reachd cothromach. Mo through! nach fheudar aideacha gu'm bheil a chuis air atharacha. Cha'n 'eil eagal De fa chomhair bhur sul, ach ata sibh a' fas dan an aingidheachd, 's a' dol air bhur 'n aghaidh le laimh laidir an cionta. Le briathra uaibhreach tha sibh a' toirt dulan do'n uile chumhachdach 's a gha cuir eas-onoir air an ainm naomha fin leis am bheil sibh air bhur gairm. Mo chairdean, cha d'rinn Cornelius fo.

A ris, thug Cornelius moran deirce do'n t-shluagh. Gheibh sibh cron domh 's maith dh'fheuta mu chuireas mi bhur staid-se 'n co'meas ri staid-san a thaobh nach 'eil bhur teachd-a-steach ach beag 's le sin nach feud sibh moran airgid a chuir amach an obair feirc. Tha fios agam gum bheil so fìor, 's tha aobhar agam a smuaineacha 'n deigh lòn a sholar 's bhur sgeudacha fein an truscan glan taitneach mar 's miann ler ceannardan bhur faicinn, nach bi ach fuigheal beag agaibh a chum bhur lamh a shineadh amach do'n fheumach. Ach san ghnòthach so fein tha sibh toilteanach air achmhafan a thaobh 's gu'm bheil sibh a struidheadh bhur maoin', cia lughad, an amaid-eachd 's a' riaracha' bhur n'an-mianna milaghail.

Aon uair eile, 's cuiridh mi crìoch air a cho'meas neo-thaitneach so. Rinn Cornelius urnuigh ri Dia. Ach mo thruaigh mo chairdean, 's tearc a mhuintir n'ar measg-se tha cleachdain 'n dleafnais so. Reir cos'lais 's ann ata urnuigh air a fogra' o'n armait gutur, 's mallucha, 's mionnan air teachd na h'aite. Tha moran agaibh 's aobhar eagail a' teachd beo as eug'ais urnuigh, 's a' caithe bhur laithean, bhur miosan, 's bhur bliadhna, gu'n ghlun a' luba' do'n Dia a chruthaich sibh, no do'n Spiorad Naomha tha amhain comasach air bhur n'anama naomhacha, 's bhur deanadh iomchuidh airson ionad na'm flaitheas. Tha mi labhairt na

firin 'nuair ata mi cuir fo as bhur leth ; oir, nam biodh sibh a gnathacha 'n dleasnais fo, cuir suas bhur n ath-chuinge ag cathair nan gras, cha chluinteadh co-lion uair briathra oilteil, 's mionnan uabhasach a' teachd amach as bhur beul. Tha e na ghnathuch neo-thaitneach 's anns nach 'eil mise idir a' gabhail tlachd a bhi toirt achmhasan duibh air feol co-fhollasach, 's a bhi cuir far comhair nithe anns am bheil sibh ciontach. Ach tha mi ga leigeil gar coguis fein gu'm bheil mi 'g innse na firin, 's feudaidh morain agaibh fianuis a thogail, nach do chaomhain mi achmhasan a thoirt feachad 'nuair air an eisteachd a thug sibh eas-onoir do Dhia, no luaidh sibh ainm naomha 'n diomhain. Nise mur a thug mi cheana fa'near a thaobh 's gur e fo bhur gnathacha tha e neo-chomasach dhuibh urnuigh a dheanadh ; oir, ata urnuigh 's mionnan aghaidh a cheile mar ata solus 's dorchadas, neamh agus talamh. Am feud duine bhi gairm sgrios a theachd air anam 's air a chorp mar ata moran agaibh-se deanadh (le doilgheas tha mi ga aithreis) 's an deigh fo bhi crabhach 's a' cleachdain urnuigh. Cha'n fheud idir ; oir, na'm b'e fo a chuis chriothnuicheadh e ro ainm an De mhoir 's cha toireadh e luaidh air ach le h urram 's eagal diadhaidh. Nach biodh e na iongantas duine 'n ceart uair a bhi guidhe slainte d' a anam, ach an ath uair, sgrios ? Aon ni tha mi fiosrach, mata, iad.

fan ata ri mionnan gur gann idir ata iad ri urnuigh. B'fhearr gum biodh mallacha's mionnan, nithe tha co uabhasach air an cleachdain na b'ainmic fan armailt. An faoil sibh gu'n dean mionnan bhur comhraitneach, gum cuir iad treubhantas nar gnuis, no gu'm fag iad ar lathaireachd eagalach? Am bheil sibh am barrail gun dean a bhi cleachdain mallucha's mionnan duine na shaighidear cliuteach's ainmeil? Mo thruaigh, dhaoine amaideach! cha'n 'eil meas gaigich aig fluagh maith's glic air an neach sin tha gnathacha mionnan; cha'n 'eil iad ag amharc air mar dhuine treunmhor, misneachail, a thaobh e bhi *an-diadbaidh*'s aingidh. Am bheil cuimhne agaibh air eachdraidh Gholiah's Dhaibhi. Bha airde fomhair aig a cheud fhear, a' deana uail a neart's armachd fein's thug e *dulan* do Dhia Israeil. Bha'n dara fear na oganach iorafal, crabhach as eugmhais armachd, 's cha robh e ri uail a threife *fein* amhuil mar am Philistineach uaibhreach ach chuir e mhuinghin an Tighearna nam feachd, 's gidheadh, mharbh an t-oganach maoth so gun chlaidhe gun sgiath am fomhair mor sin a thug malladh do Dhia na'n fluagh's ghearr e dheth a cheann. Leigidh mi dhuibh am *foghna* iomchuidh a dheana dhe so. Ach an deigh so uile, tha mi 'n dochas nach 'eil sibh a' cuir peaca'n gnìomh o run *dulan* a thoirt do Dhia's do chreide, no dh'fheuchain cia olc's aingidh

's urrain duibh a bhi. Nam biodh fo ag-aibh san amharo dh'an-tromaicheadh e bhur cionta; ach 's ann 's ail leum a shaoilfin tha sibh a' ruith gu peaca, *o dbroch cleachda*, o'n chumhachd a fhuair togra mi-riaghailteach, 's droch eisempleir osbhurceann, 's nach 'eil sibh a' toirt fa'near an cuntart do'm bheil sibh buailteach. Air an aobhar sin, mu leig-eis sibh leibh fein an gnothuch a ghabhail gur smuainte 's geur bheachdacha air, cha chail mi dochas nach toir sibh eisfeachd dhurachdach do dheagh chomhairle tha teachd o dheagh run. Fuilinghibh dhomh, mata,

3. Bhur n' earralacha leis na h argu-meinte is treife bhur beatha leafacha 's eisempleir thaitneach Chornelius a leantuin. 'S air tus, thugaibh fa'near gum bheil e air orducha do na h uile dhaoine aon uair bás fhaghail. Tha'm bás 's maith dh'fheutani's dluithe dhuibh na tha sibh am barrail: Thamacanduine buailteach do mhile cuntart 's ge ta' m bás an comhnuidh fosgailt gu luchd turuis a ghabhail a' steach tha fagail an t shaoghail fo. Cia ullaicht bu choir dhuinn uile bhi tha gach mionaid d'ar n' aimfir buailteach do bhi air ar sguaba air falbh leis a bhás 's a bhi air ar caramh an seomraiche dorcha' na h uaigh. Ach tha bhur flaid se, mo chairdean, ni's cuntartaiche no flaid muintir air bith eile. Cha'n e amhain gum bheil sibh buailteach do bhi

air bhur spiona' air falbh le tineas ach air bhur gearra fios leis a chlaidhe. Cha'n'eil fhios cia luath 's a sheidear an trompaid 's a gheibh sibh gairm dol amach gus a chath. Bithidh bhur beatha 'n sin anbar cuntartach, sgaoilte do dh'ioma gabhadh 's dofguin, gach aon dhiu fa leth a dh'fheudas crìoch a chuir air bhur laithean air thalamh. Nach brofnaich a bhi smuaineacha air so finn, mata, gu deagh chaithe-beatha reir eifempleir Chornelius. 'S mu gheibh sibh bás (mar a thachair do mhilte) fan bhlar le'r 'n uile pheacana air bhur ceann, bithidh bhur cor gun amharus ro thruagh. Cha bhi uine 'n sin gu h aithreachas, no am gu h urnuigh. Tha la na'n gras air dol seachad, 's cha phill e 'm feafd tuille. Cha ghabh Dia trocaireach iochd no truaghas d'ar staid, cha dean fear-faoraidh gradhach bhur peacana ghlana' air falbh na fhuil, no aingle coimheadachd bhur n anama ghiulan gu h ionada combnuidh na'm firein an deigh an faoghal so fhagail. Air dhuibh a nise f haicinn, mata, gum bheil beatha gu sonraicht beatha saighdear an-bar neo-chinteach, 's buailteach do dh'ioma' cuntart. Ciod a ghne dhaoine bu choir a bhi annuin 's gach uile cho'-luadar naomha 's diadhaidh. Bithibh air an aobhar sin crabhach, 's biodh eagal De oirbh a ghna mar a bh'air an duine mhaith so, 's mar sin bithidh sibh deas gach am fa chomhair bais. 'S ge do gheabh sibh gairm gu dol amach amhuil mar a

fhuair mac gaisgeil Iese nochdaidh sibh sibh
fein san áraich lan misnich 's cruadail, *Deut.*
xx. 1, 2, 3 4. “ 'Nuair a theid thu mach
“ gu cath an aghaidh do naimhdean, agus
“ a chi thu eich agus carbaid, agus fluagh
“ a's lionmhoire na thu fein, na biodh eag-
“ al ort rompa', oir 'tha 'n Tighearna do
“ Dhia maille riut, a thug amach thu a tir
“ na hEiphit. Agus an uair a dhluthaicheas
“ sibh ris a chath, an sin thig an fagart am-
“ fagas, agus labhraidh e ris an t-fluagh.
“ Agus their e riu, Eisd, O Israel, tha sibh
“ an diugh a' dol gu cath 'an aghaidh bhur
“ naimhde : na biodh bhur cridhe fann, na
“ biodh eagal oirbh, agus na criothnaich-
“ ibh, agus na biodh uamhan oirbh air an
“ son. Oir tha'n 'Tighearna bhur Dia a'
“ dol maille ribh, a chogadh air bhur son
“ 'an aghaidh bhur naimhde, a chum bhur
“ tearnadh.” Cluinnidh sibh fuaim cog-
aidh gun gheilt gun fhiamh. 's le'r n ur-
nuigh 's armachd, buailidh 's leonaidh sibh
ceann bhur naimhdean mar a rinn Daibhi
air ceann an fhomhair le clachaibh mine.
'S mu's e bhur cranchur an la chath a bhi
air bhur leigeil a fios 's tuiteam amearg nam
marbh, cha bhi ach bhur coga' air thalamh
air a cho' liona', bhur deuchain air a crioch-
nacha's sibh fein air bhur n atharacha o aimh-
reit, 's o thrioblaid an t shaoghail so gu
bhi cliuthacha Ri na gloir maille ri mal-
shluagh neimh cian saoghal gun chrìoch.
O cuibhrion bheannuicht gach saighidear

crabhach, tha e cuir cath le misntich, a' faghail báis an fith, 's a' teachd beo 'n glóir bhíoth-bhuan!

2. Deanabh bhi smuaineacha air la uabhafach a bhreitheanais 's air a gheur chuntas a th'agaibh ri thoirt feachad, air son bhur smuainte bhur briathra, 's bhur gníomhara, sibhse, bhrosnacha gur caithe-beatha leafacha, 's a bhi gluafachd an ceumana 'n duine naomha so. Innseam dhuibh le dearbhachd, gu'm bheil an cruaidh rannfuchaidh, 's neo-bhaigheil a' dluthacha san fheudar do'n chinne dhaoine air fad, 's dhuibhse cuideachd feasamh 'm fianuis cathair bhreitheanais. Chríod gu freagradh airson bhur deanadais-san choluin maith no olc a bha iad. San la uabhafach sin bithidh na leabhraichean air an fosgla', 's uile ghníomhara bhur beatha air an deanadh follasach an sealla dhaoine 's ainge. An sin bithidh uile dhroch smuainte bhur cridhe, uile dhroch bhriathra bhur beoil, 's uile dhroch oibre bhur lamh air an toirt gu solus, 's binn fhiorruidh air a toirt amach do'n reir. Cia, mo chairdean, mar a bhios sibh comasach air feasamh 'n am na cruaidh dh'fheuchain sin! cia mor luach deagh choguis air an la sin! 'nuair a bhios sibh ag osnaich le d'oilghios cridhe, glaothaich ris na beantadh bhur folach o ghnuis fheargach an De mhoir sin 's air ainm naomha air an do chuir sibh gu tric eas-onoir. Cia mar a ghuidheas sibh, ach

an diomhain gun robh agaibh caithe-beatha naomha, cosmhail ris an duine mhaith fo 's gun do ghluais sibh na cheumana, Co 's urrain innse gheilt 's an uamhain a mhoth-aicheas sibh an taobh a stigh am biora' dh'fhuilingheas sibh o achmhafan coguis fa am fin mur dean sibh a nise bhur beatha leasacha 's ullacha iomchuidh fa chomhair an la mhoir 's eagalaich fin.

3. Deana' bhi sinuaineacha gu cudtromach air dorain ifrin, bhur co-eigneacha gu h aithreachas a chuir an gnìomh, 's bhur beatha chaithe, cosmhail ris a duine dhiadhaidh Cornelius. An deigh do'n bhreitheanas a bhi feachad, 's a bhinn uabhafach sin teachd amach, " Imchibh uam-fa, sibh-
" fe, tha malluicht gu teine bith-bhuan." Bithidh na h aingidh air am fogradh gu lochan tha losga' le teine 's pronasc, far nach báfuich a chnuimh 's nach muchar an teine 'm feafd. Anns a phrìosan bhronach dorchadais, 's an-dochais fin tha peacaich nach d'rinn aithreachas a' fulang dorain do labhairt, air an fìor chlaoidh leis an diabhol 's aingle, 's gach ball diu air an cradh, 's air am biora' leis an amhghar 's mo, 's leis na pianta 's geire. Bithidh an t shuil adhaltranuch air a cuir amach an iomal dorchadais, an teanga bha cleachdain mallucha 's mionnan, air a criona' le lafraichibh teinteach, 's am boinne uifge 's lugha air aichsheun dhi dh'fhuaracha teas neo-fhulang-

ach, 's an corp a bh'air a thruailleadh le misg, 's neo-ghloin air a losga suas mar adhailt teine. 'S ni eile tha fathaidh ni's meafa 'ge nach 'eil toil-intin a pheacaidh ach amairichdin car tamuil tha'm peanastha teachd na lorg gun chrìoch, oir, tha deatach dorain na muintir a th'air an dite dol a suas gu brath 's gu brath (mar ata 'n scrioptuir ag innse) 's cha'n 'eil fois aca la no dh'oiche. Cha'n 'eil trioblaid an tshaoibhail fo mairichdin an cumantas ach trifichead bliadhna 's a deich, oir, ma mhair-eas iad gu ceithir fichead, gidheadh, aig ceann na h uine sin theid iad fios leinn do'n uaigh, 's cha chuir iad dragh oirn tuille ni's mo. Ach tha dorain ifrin neo-chrìochnach a' mairichdin an deigh do dheich mìle uair, deich mìle do linnibh s do dh'aimfir dol feachad. 'S co, mo chairdean, 's urrain comhnuigh le teine bith-bhuan? Cia eagalach an ni tuiteam an lamhan an De bheo! O bithibh, mata, glie 'n am, 's thugaibh fa'near an fhirin chudtromach fo, chum 's gun teich sibh o'n fheirg ata ri teachd. O'n cheart uair fo gabhaidh bhur ceud dheirrineach do mhionnan, *do chluich air chairtean*, do mhisg, 's do neo ghloine. Bithibh stuama, bithibh geannnaidh, bithibh measara'; gleidhibh naomha la na sàbaid, teichibh o dhiomhanas saoghalta, o dhroch co-luadar. Cuimhnichibh gum bheil sibh ag Criosd nar saighdeara' 's gu'n robh sibh air bhur gabhail a steach fo'n

bhrataich aige-fin an am bhur baiſte. Mhodaich ſibh a bhi taireis, dileas d'a, 's cha'n fheud ſibh tionda' le naimhdibh. Cuiribh umaibh, mata, uile armachd Dhe chum 's gu'm bi ſibh comafach air ſeafamh 'n aghaidh cuilbheartachd an diabhoil. Seaf-aibh uime ſin, air bhi d'ar leafruidh criof-luicht mu'n cuairt le firin 's agaibh eudaidh-uchd na fireuntachd 's ullacha ſoiſgeul na ſith mar bhroga d'ar coſaibh; os-cionn gach uile gabhail ſgiath a chreide leis am bi ſibh comafach air uile ſhaighde teinteach an droch aon a choſga'. 'S glacaibh clogaid na ſlainte, 's claidhe 'n Spioraid ni 's e focal De.

4. Deanadh bhi ſmuaineacha air aoibhneas neimh, 's air a choran ghloir nach terig am feafd a th'air, a thaſgaidh ſhuas fa chomhair gach ſaighidear fireunach aig Iofa, ſibhſe, dhuſga' gu caithe-beatha diadhaidh a reir eifempleir an deagh cheannard cheud ſo. Chuir, mo chairdean, Cornelius cath maith, choimhead e 'n creide, dhearbh e dhilſeachd d'a mhaighſtir choifrig ſe e fein do ſheirbheis, 's tha e niſe air dol a' dh'fhaghail a dhuais, 's air ſuidhe ſios maille ri miltibh do ſpiorada beannuicdt am ſlaitheas na gloir, a' feithe ath-theachd Chriofd a thoirt breith air an t ſhaoghal, 'nuair a gheibh e coran maifeach o lainh a Thigh-earna air nach tig a chaoidh ſmal. 'S co dhiu tha ſibh am barrail tha e niſe na aobh-

ar gairdeachais no broin d'a gun robh a chaithe beatha air thalamh naomha neo-lochdach, 's a reir aitheanta 'n Tighearna. Gun amharus na aobhar gairdeachais of-cionn smuainte thaobh 's gum bheil fonas fìorruidh air a chuir fa chomhair, 's e fein amhain a' feithe breitheanais an la mhoir gu aite-fuidhe ghabhail amearg naoimh 's aingle 's na neamha 's airde. O! 'n dochas taitneach air nithe glor'mhor ri teachd. Biodh agaibh-fe caithe-beatha 'n duine ion-raic fo, 's bithidh bhur crìoch dheirrineach cofmhail ri chrich san. Tha ard cheannard bhur flainte Iosa Criosd cheana air dol a fuas gu neimh, 's air fuidhe fios ag deas laimh an Athar air ri-chathair a ghloir ag ullacha ionada comhnuidh air son fhior luchd muintir am maise 's an gloine tha do labhairt, far am bheil aite fuidhe air a dheafacha dhuibhse mar an ceadn', 's an teid coran gloir a chuir air bhur ceann mu ni sibh ach gleachd air son na buaidh, 's *luath ghair a dheanadh* os-cionn bhur naimhde spioradail an saoghal an diabhol 's an fheoil. Pillibh, pillibh, mata o'r droch fhlighe chum 's gum bi sibh air bhur teaf-airgin o dhorain ifrin, 's air bhur n aiseag gu rioghachd fìorruidh Mhic gradhach Dhe. Tha gairdeuna trocair fathasd finte amach gu gabhail ruibh an cairdeas. Cha'n 'eil tlachd aig Dia idir am bàs nan aingidh, ach 's roghnuicheadh leis gun deanadh iad aithreachas, 's a bhi beo. Tha'n Tighearna

Iosa toileach gabhail ruibh mar a luchd muintir 's bhur peacana' ghlana air falbh na fhuil luachmhor, 's tha'n Spiorad Naomha ghna tairgse bhur neartucha me ni finn a chomhna' iarruidh le durachd. Pillibh, uime sin o'r droch fhlighne, c'arson a bhá-fuicheas sibh nar peaca. 'Sa chum gu'm biodh an t-iompucha fo o shatan gu Dia air oibreacha annaibh gu h iomlan cleachdaibh tha mi guidhe oirbh bhur lamhan 's bhur cridheachan a thogail a suas gu tric an urnuigh dhurachdach ag cathair nan gras gun deana' eiseanata comasach aigni 's *toil choirbte* dhaoine riaghladh bhur n aigne 's bhur toil a thionda gu diadhachd. O! cuiribh bhur n ath-chuinge suas airson trocair fhad 's ata trocair ri faghail. An diu 'm feadh 's a ghoirrear an la dheth gabhaibh ri tairgse na flainte, mu'm bi teud airgiod na beatha air fhuafgla, no mhios óir air a briste 'nuair a philleas an duflach gus an duflach mar a bha e, 's an spiorad gu Dia thug seachad e. Deanaibh urnuigh a ghna leis an duine chrabhach Cornelius. Cha'n 'eil aite air bith neo-iomchuidh airson an dleasnais fo, gu sonraicht an carrain sin dheth a th'air a dheanadh suas do dh'ath-chuinge ghoirrid ri Dia o theas gradh a chridhe. Feudaidh fo bhi air a cho'liona' 'nuair a dh'imeicheas tu air an t-fhlighe 'nuair a shuidheas tu gu biadh, 'nuair a luigheas tu fios, 's 'nuair a a dh'eighreas tu suas. Bithibh cuideachd curamach ann a bhi dol tric gu tigh Dhe,

far an cluinn sibh fhocal naomha air a leughadh 's air a shearmonacna meadhona 'ta gu mor gu bhur cuideacha gu trial air an t-fhlighe threoruicheas gu neamh. Os-bartha e feumail eolas iomchuidh fhaghail air nadur, crìoch, 's sochairean sacramuint Suipeir an Tighearna 's sibh fein ullacha do reir a chum a gabhail air mhodh urramach. 'S a chum gu'm faigheadh sibh ceart bhreitheanacha air an diomhaireachd spioradail 's neamhaidh fo, 's co iomchuidh 's ata i gum biodh sibh nar luchd co-pairt do shochairean co-cheangal nan gras. Thugaibh fa'near gu maith nadur, 's ceanglaichean bhur moide bairte 'san co-cheangal a rinneadh eadar Dia 's bhur n anama 'nuair a bhairteadh sibh do Chrìosd 's a rinneadh sibh n'ar buil do eaglais fhaicfinneach. Bha trì nithe 'n fin air a ghealtuin, 's air a mhoideacha n' ar n ainm. 1. Gun ach-sheuna sibh an diabhol, 's uile oibre, mòr-chuis, 's diomhanas an t fhaoghail aingidh fo, 's uile an-mianna peacach na feola. 2. Gun creideadh sibh gach punc a bhuineas do'n chreide Chrìosduidh. 3. Gu'n coimheada sibh toil naomha Dhe 's aitheanta, 's gun gluaifeadh sibh annta re uile laithe bhur beatha. Be fo bhur co-cheangal ri Dia, 's leis an aidmheil fo bha sibh gu moch air bhur gabhail nar saighdeara do Chrìosd. An lorg fo, mata, thionsguint Dia ruibh an co-cheangal, rinn e sibh n'ar buil do chorp diomhair a Mhic ionmhuin, roghnuich e sibh mar a

chlannle h uchd-mhacdachd, 's thuge dhuibh coir air oighreachd neimh. Nise, 'm bheil sibh a' cuimhneacha a' cho cheangail fo, 'm bheil sibh a' teachd beo reir na'n ceanglaichean fo'n tainig sibh? Am bheil sibh ri h athreachas treibh-dhireach co lion uair 's ata sibh a briseadh moidean bhur baiste, 's am bheil mothacha agaibh gu'n do chail sibh coir air na fochairean luachmhor sin a bhi an Criofd, an Dia 's air an t-shlighe gu neimh co tric 's a' pheacaicheas sibh gu dana? 'S am bheil sibh do rìre ri h aithreachas, a' creidfin 's a' toirt umhlachd do'n t shoisgeul? Mu tha sibh a' deanamh sin, tha sibh iomchuidh 's ullaicht gu corp 's fuil Chrìofd a ghabhail an sacramaint naomha suipeir an Tighearna os-bar as eugmhais aithreachais creide 's umhlachd nithe sonraicht a th'air iarraidh 's air a mhoideacha aig am bhur baiste, tha e neo-chomasach gu'm feud sibh Dia thoileacha, no bhi iomchuidh dol gu bord an Tighearna.

A cho-dhuna', beachdaichibh gu tric, mo chairdean gradhach air meud glòir 's sonais an t shaothail neamhaidh. Tha fath 's cothrom agaibh air fo dheanamh, ni bheir tairbhe 's fòlas d'ar n anam 'nuair ata sibh air freiceadan an am tofdach 's soleimte na h-oiche, 'nuair a ghabhas trom chadal greim do dhaoine s ata gach ni mur timchiol samhach 's uabhasach. An sin feudaidh sibh gu'n neach a chuir dragh oirbh bhur

fuilean a thogail a suas ris na speuran tha dealruch le lochrain soluis, 's le h urram aoradh dheana' do'n ti tha gabhail comh-nuidh san ionad shona fin, sgeudaicht le morachd agus gloir gun cho'meas, 's a bhi smuaineacha *obair luchd turuis sgitb an t-shaoghail*, cia taitneach obair luchd aiteachaidh an t-shaoghail bheannuicht ata fhuas, seach cor luchd turuis sgitb na beatha fo, do'n fheudar ioma' cruadal 's d'fheuchain fhulang fhad 's ata finn air chuairt ann. Dheanadh bhi toirt fagadh do lethid fin do smuainte naomha 's taitneach bhur n aigne thogail bhar nithe diom-buan an t-shaoghail ata lathair, 's bhur miann 's bhur togra' bheothacha 'n deigh fonas nam flaitheas; bhur gleidhe o bhuaire, 's bhur neartucha 'n aghaidh feoltachd an diabhoil. Fadheoidh bheireadh bhi toirt caidreamh do smuainte mar fin sólas seachad fo sgiós 's amhghar na beatha fo; misneach a chumail a suas fo gach an-shocair 's mi-ghoirreas a th'air an tilge n'ar cranchar, 's ghiulaineadh sibh iad le foighdin's co-fhurtachd; 's air dhuibhsa bhi faghail sólas 's misneach o gheallana Dhe bheir sibh fa'near gu'm bheil bhur n uile shaothair, fhaire, 's phianta tha sibh an curfa' freasdail an Tighearna fulang an feirbheis bhur Ri 's bhur rioghachd air a cheann fo dheirre, tionda' amach a chum bhur n ard shonas shiorruidh, le strìochda' do thoil De, chi sibh gu'm feud bhur n uireas'uidh do fhois, do bheartas, 's do

ghoirreas an t-shaoghail fo, bhi na'm meadhona gur n uimeacha fa chomhair fois, urram 's aoibhneas an t-shaoghail ata ri teachd. Gabhaibh, mata, le ciuneas ris na briathra comhairle 's earrail fo, tha mise toirt feachad leis an tuille durachd, 's a' guidhe eisd-eachd a thoirt doibh, a thaobh 's gur maith dh'fheuta nach faigh mi fath no cothrom a ris gu labhairt ruibh air an doigh fo. Tha sibh gu fo fhagail gu goirrid, 's ri bhi air bhur suidheacha 'n aite eile, 's'nuair a smuainicheas finn a luithead ni dh'fheudas tach-airt san bheatha neo-chinteach fo, cha'n 'eil fhios am faic finn gnus h aon a cheile air an doigh fhollasach fo gu brath tuille gus an tig an t am an nochdar finn air fad ag lathair cathair bhreitheanais Chriosd gu freagradh airson ar guiomhara air thalamh. 'S O! ciod an taisbean uabhasach, ciod an choinneamh bhrònach a bhios an fin mur gabh sibh a nise ri'm chomhairle 's tora' thoirt amach iomchuidh airson aithreachais, oir, 's fheudar dhomh an fin tionda 'm fhear-cafaid n'ar 'n aghaidh 's fianuis a thogail gu'n tug mi rabha dhuibh teicheadh o'n fheirg ata ri teachd, 's gu'n do chuir sibhse mo chomhairle uile 'n neo-bri 's nach b'ail leibh gabhail ri'm achmhasan. Ach, mo chairdean, tha dochas agam ri nithe 's fearr uaibhse, 's nithe tha leantuin flainte ged' ata mi mar fo labhairt.

Co-dhunaidh mi nise 'n t-iomlan le ear-rail no dha thoirt do na daoine uaisle tha nan ceannarda fan armailt.

Tha mi fiosrach gur e bhur miann bhur daoine fhaicinn an ordu' maith, an fgeudacha taitneach, 's an deagh fhoghlum, gu'm bheil sibh a' deanamh bhur dicheal a chum an togail a suas gu coga' 's fear ghleus, meas a bhi aca oirbhse 's urram a thoirt do'n Ri. Tha sibh ri fo gu maith, ach tha mi 'n earbfa nach 'eil sibh a' stad an fo. 'S aithne dhuibhse, dhaoine uaisle, bhur dleasnas fein, ach ceudaichibh dhomh an earrain chudtromach sin dheth a chuir n'ar cuimhne faire theann a dheanamh air giulan 's beufan na'n saighideara tha fodhaibh. Dh'aontaich an ceannard crabhach Cornelius fo thoirt fa'near (mu'm bheil air innse dhuinn) ag an robh saighidear diadhaidh a lean e, 's feudaidh finn a smuaineach gu'm be 'n eisempleir thaitneach 's an co-luadar stuama' chuir a mhaighstir roimhe b'aobhar gu'n robh aige-san deagh bheufan's gluafachd naomha. Biodh an ceannard treunmhor 's oirdheirc fo agaibh mar rioghailt stiuradh; triallaidh an ceumana ghaifgich ainmeil fo 's thugaibh air bhur n iochdarain a bhi glic, maith, le'r n ordu' 's eisempleir. Co s urrain innse ciod a ghloir a shruthas do Dhia, cia mar a fhoirbhicheas leis an armailt, 's gach cuis, 's ciod an sólas a dh'eighreas an intin a lethid sin do cheannard a bhios faicileach air cosg a' chuir air an olc,

gu sonraicht aingidheachd uamhara mar ata mallucha 's mionnan a chum am bheil am buaire 's lugha' mar a dh'innis mor Dhuic aon uair roi fo da shaighideara. A thaobh, mata, gum bheil saighideara gu tric buailteach do'n pheaca fo, 's ga chuir an gnìomh gu follasach, bhiodh e fhuras a mhuintir tha ciontach a thoirt gu peanas, 's mar fo a chumail fo chois. Nan nochda ceannardan feachd am fuath do mhionnan 's gruaim a chuir orra ris a mhuintir a chluinneadh iad ri sin, dh'fheuda fo moran a dheana chum cosg a chuir air, ach dheanadh bhi toirt ciontaich gu naire fhollasach air uairibh 's gu peanas, fhogra air falbh gu tur. Air dhuibhse, dhaoine uaisle, fo ghabhail gur smuainte, tha mi 'n dochas gun cum sibh suas urram Dhe air an d'rinneadh dimeas le bhi deanadh bhur dicheal gu cosg a chuir air a pheaca uamhara fo, 's mu tha sibh a deanadh fo, 's ag oireapacha gach earran eile d'ar dleasnas a thaobh Dhe 's dhaoine cho'liona gheibh sibh fòlas o bhi gnathacha fo eadhon san bheatha tha lath-air, 's 'nuair ata ar coga' air a chrìochnocha bhos air thalamh bithidh sibh air bhur n-arducha ameach armait Tighearna nan flogh, 's cliuthaichidh sibh e le luathghair, fhiorruidh an rioghachd neimh.

Ni gu'n deonaicheadh Dia do throcair neo-chriochnach air fga toilteanas ard-cheannard bhur flainte Iosa Criosd, dhafan, maille ris an Athair 's an Spiorad Naomha tha beo 's a rioghcha aon Dia, faoghal gun chrìoch. *Amen.*

BRIATHRA DIADHAIDH AIR AN CUIR A SUAS
MAR ATH-CHUINGE GHOIRRID, AIR AN
TARRUING A LEABHAR NAN SALM.

Airson Maitheanais Peacaidh.

DEAN trocair oirn O Dhe 'n deigh do mhoir mhaitheas a reir lionmhoir-eachd do throcair dean air falbh mo chionta.

Nigh mi gu tur o'm aingidheachd, 's glan mi o'm pheaca.

Pill do ghnuis o'm pheacana, 's cuir as m-uile dhroch ghnìomhara.

Tha mo dhroch ghnìomhara buathacha 'm aghaidh : O bi-sa trocaireach do'm eaf-aontas.

Pill mise, O Thighearna 's teafairg m'anam : O sabhail mi air fga' do throcair.

Airson Grais.

TEAGAISG dhomh do shlighe, O Thighearna, 's gluaifidh mi ann a'd t'fhirin : O ceangail mo chridhe riutfa chum 's gu'm bi eagal t-ainm orm.

Cruthaich annam cridhe glan, O Dhe, 's ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhìom.

Tionda' air falbh mo shuile air eagal 's gun amhairc iad air diomhanas 's beothaich mi ann a'd' shlighe.

Co 's urrain innse co-lion uair 's ata e peacacha ? O ! glan mise o'm chionta dhìomhair.

Gleidh do sheirbhifeach mar an ceadn o pheaca dana, air eagal 's gu'm faigh iad lamh an uachdar os mo chionn ; mar so bithidh mi neo-thruaillidh, 's neo-chiontach o mhor pheaca'.

URNUGH *air a toirt o'n SCRIOPTUIR naomha 'n agbaidh Mionnan, Breagan, 's Droch Cainnt.*

O THIGHEARNA, 's tu Dia na firin, 's as eug'ais easontais, cuir freacadan fa chomhair mo bheoil, 's cuir t eagal ann mo chridhe chum 's nach toir mi chaoidh

eaf-onoir air ainm mo Dhe, nach mionnaich mi air gu h eucorach, 's nach toir mi t ainm an diomhaineas, teasraig m'anam, O Thighearna, o bhilibh breugach 's o theangaidh mhealtach. Dion mi o'n chridhe tha dealbh smuainte aingidh, o fhianuis bhreugach ; 's uaithe-san ata cuir eaf-aonachd amearg bhraithre. Biodh gach uile shearbhadas, 's corruich 's fearg, 's ard ghlaodhaich, 's droch cainnt air a chuir air falbh uam maille ris gach uile mhi-run a chum 's nach deanam olc do'm choimhearsnach, 's nach togain droch sgeul air mo choimhearsnach. Deonaich fo tha mi guidhe ort air fga' Iosa Criosd. *Amen.*

Airson Measarachd Geanmnachd's Stuanachd.

O DHE uile thoirbheartaich tha toirt lo'n do gach uile fheoil ; aig am bheil do throcair a' mairichdin gu brath.

Deonaich co dhiu dh'itheas no dh'olas, no ciod air bith eile ni mi, gun dean mi na h uile chum do ghloir.

Teagaisg mi O Thighearna, teachd beo gu measara san t shaoghal ata lathair gun a bhiga mhi-chaithe.

An aire thoirt dhomh fein air eagal uair air bith gum bi mo chridhe fo uallaich le geocaireachd 's misg.

Gleidh mi o an-bar fiona, o gheocaireachd, 's o photaireachd, 's o'n mhuintir tha ga-

bhail iongantais nach 'eil mi ruith leo gus a cheart neo-meafarachd.

Glan mi o uile thruailleachd na feola 's an spioraid, a chum 's gu'n co-lion mi nao-mhachd ann a'd 't eagal-fa mo Dhia 's gun gleidhe mi mi fein neo-thruaillidh o'n t shaoghal.

Na gabha' fannt na colla, no an-mianna na feola greim dhìom, 's na toir do sheir-bhiseach thairis do dh'intin dhana.

Mar 's e ar corp teampul an Spiorad Nao-mha ata annain, a th'againn uatfa ar Dia, 's cha leinn fein sinn, ach tha sinn air ar ceannuch le luach ; deonuich uime sin gu'n glor-aich sinn thusa ler corp 's ler nanam 's leatfa.

A chum air do lamhan glan 's do chridhe glann a bhi againn, 's caithe-beatha neo-thruaillidh gu'm faigh sinn beannacha uatfa Dia ar flainte, trid Iosa Criosd. *Amen.*



